


An Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh: An Lèirmheas agus na Prìomh Mholaidhean aige





1. Dè bh' anns an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh?

3



2. Carson a tha an Lèirmheas seo cudromach?

3



3. Dè na h-amasan a bh' aig an Lèirmheas seo?

4



4. Ciamar a rinneadh an Lèirmheas?

5



5. Dè a mhol an aithisg dheireannach?

7



6. Carson a bhiodh an SDA na b' fheàrr?

10



7. A' Planadh airson Atharrachadh

12




8. Càit am faigh mi barrachd fiosrachaidh?

12



9. Dè thachras a-nis?

12



1. Dè bh' anns an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measadh?

Dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba san Dàmhair 2021 gum biodh Lèirmheas Neo-eisimeileach ann air Teisteanasan agus Measadh. Chaidh an Lèirmheas a thòiseachadh mar fhreagairt do na leanas:

- molaidhean ann an Lèirmheas Neo-eisimeileach an OECD air curraicealam sgoiltean na h-Alba (2021)
- galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus deasbad ùr mu mheasadh às dèidh deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach a bhith air an cur dheth ann an 2020 agus 2021
- Pàipear OECD an Àrd-ollaimh Gòrdan Stobart a tha a' cur air adhart roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann airson na h-Alba a thaobh measadh agus teisteanasan san àm ri teachd (2021).
- Aithisg an Àrd-ollaimh Ken Muir (2022) - Putting Learners at the Centre

Chaidh an t-Àrd-ollamh Louise Hayward a chur an dreuchd gus an Lèirmheas a stiùireadh agus thòisich i air an obair as t-Earrach 2022.



2. Carson a tha an Lèirmheas seo cudromach?



Tha teisteanasan agus measaidhean cudromach do luchd-ionnsachaidh, do dh'ionadan foghlaim agus dhan t-sòisealtas. Bidh iad a' toirt fiosrachadh do luchd-ionnsachaidh, agus mar a bhios iomchaidh do phàrantan/luchd-cùraim, air adhartas agus coileanadh. Bidh colaistean, fastaichean agus oilthighean gan cleachdadh gus co-dhùnadh cò a leigeas iad a-steach do gach cùrsa no cò leis a nì iad agallamh. Tha iad air an cleachdadh mar fhianais a thaobh càileachd sgoiltean. Mar sin, tha teisteanasan agus measaidhean cudromach do dhaoine fa leth, do choimhearsnachdan agus do chomann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd. Tha a h-uile neach-ionnsachaidh airidh air na cothroman beatha as fheàrr agus tha prìomh àite aig teisteanasan agus measadh ann a bhith a' toirt sin gu buil



An t-Àrd-ollamh Louise Hayward,
Oilthigh Ghlaschu





3. Dè na h-amasan a bh' aig an Lèirmheas seo?

B' e amas an Lèirmheis Neo-eisimeilich dèanamh cinnteach gu bheil cothrom leasaichte agus co-ionann aig a h-uile neach-ionnsachaidh aig an Ìre as Àirde gus farsaingeachd, doimhneachd agus iomchaidheachd an cuid ionnsachaidh a nochdadh.

Bha an Lèirmheas co-cheangailte ri teisteanasan na h-Ìre as Àirde ann an sgoiltean, colaistean agus suidheachaidhean foghlaim san fharsaingeachd.

Bha am fòcas gu sònraichte air luchd-ionnsachaidh aois 15-18 anns a h-uile suidheachadh foghlaim, ach bheachdaich an Lèirmheas cuideachd air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith air luchd-ionnsachaidh ann am foghlam dachaigh agus air luchd-ionnsachaidh inbheach a bhios a' dèanamh chùrsaichean a tha fo raon-ùghdarrais an Lèirmheis.

Gheibhear Cumhachan Iomraidh an Lèirmheis [an seo](#).



An Lèirmheas Neo-eisimeileach air Teisteanasan agus Measadh
An Lèirmheas agus na Prìomh Mholaidhean aige



4. Ciamar a rinneadh an Lèirmheas?

Chruthaich an t-Àrd-ollamh Hayward modail conaltraidh ùr-ghnàthach, air a dhealbh gus beachdan fhaighinn air prìomh chuspairean bho raon farsaing de chom-pàirtichean a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh agus tidsearan.

Chaidh Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach (IRG) a stèidheachadh a' gabhail a-steach farsaingeachd de chom-pàirtichean le ùidh ann an teisteanasan (luchd-ionnsachaidh agus, mar a bha iomchaidh, pàrantan/luchd-cùraim, an fheadhainn a bhios a' dealbhadh, a' leasachadh agus a' tabhann theisteanasan, bho thidsearan clas gu buidhnean nàiseanta, agus an fheadhainn a bhios a' cleachdadh theisteanasan, colaistean, luchd-fastaidh agus oilthighean). Gus an raon de dhaoine a bha an sàs ann a leudachadh agus a dhoimhneachadh, stiùirich gach ball den IRG Buidhnean Coimhearsnachd Co-obrachail (CCG). Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Bhuidheann Lèirmheas agus mu na CCGan [an seo](#).

Bha trì ìrean anns an Lèirmheas. Chaidh beachdan a shireadh bho luchd-ùidh aig gach ìre.



4.1 Ìre a h-Aon: Samhradh 2022

Thòisich an Lèirmheas le bhith ag obair còmhla ri Pàrlamaid Òigridh na h-Alba agus Pàrlamaid na Cloinne gus faighneachd dè bu chòir tachairt a thaobh Theisteanasan is Measadh ann an Alba san àm ri teachd. Chaidh dreachd-aithris air Lèirsinn is Prionnsapalan a sgrìobhadh às dèidh sin.

Chaidh beachdan a shireadh tro na CCGan agus fhuair iad cuireadh bho gach àrd-sgoil agus colaiste ann an Alba. Gheibhear anailis neo-eisimeileach air na freagairtean bho ìre a h-Aon [an seo](#).

A rèir na fianais ann an obair chom-pàirteachaidh aig Ìre a h-Aon, bha taic ris na beachdan anns na dreachd-aithrisean air Lèirsinn is Prionnsapalan. Ach, bha comhairle ann gum bu chòir an cànan a dhèanamh nas simplidhe agus nas puingeile. Chaidh an Lèirsinn agus na Prionnsapalan ath-dhealbhadh a rèir sin agus gheibhear iad [an seo](#).



4.2 Ìre a Dhà: An Dàmhair 2022 - Am Faoilleach 2022.

Anns an dàrna ìre den chonaltradh chuir an Lèirmheas ceistean mu cò ris a bhiodh an siostam theisteanasan agus measaidh coltach nam biodh e a rèir na Lèirsinn agus nam Prionnsapalan. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' sireadh bheachdan air am bu chòir no nach bu chòir fianais a chruinneachadh thar nan ceithir comasan sa Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE), am bu chòir fiosrachadh a chruinneachadh mu sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh, air a' chothromachadh eadar measadh a-staigh agus a-muigh, cleachdadh teicneòlais, gnìomhan nas fharsainge taobh a-muigh na sgoile, agus a bhith a' toirt a-steach teisteanas fàgail aig deireadh na h-Ìre as Àirde. Bha Ìre a Dhà a' sireadh bheachdan bho na CCGan agus a bhon a h-uile sgoil agus colaiste agus bha co-chomhairleachadh poblach 12 seachdain ann cuideachd.

Bha taic shoilleir ann gum bu chòir ath-leasachadh a dhèanamh air siostam theisteanasan is measaidh na h-Alba. Bha luchd-freagairt airson teisteanas fàgail a thoirt a-steach aig an Ìre as Àirde gus aithne nas iomlaine a thoirt do choileanaidhean, sgilean agus comasan luchd-ionnsachaidh. Cha robh aonta soilleir ann air cò ris a bhiodh 'siostam measaidh nas cothromaichte' coltach. Bha cuid ag iarraidh measgachadh de mheasaidhean leantainneach no measaidhean no deuchainnean nas lugha is nas cunbhalach, agus bha cuid airson cur às do dheuchainnean aig deireadh na bliadhna sgoile buileach glan. Bha miann làidir ann gum biodh aithne air coileanadh nas fharsainge seach dìreach cuspairean/raointean curraicealaim fa leth. Mar eisimpleir, bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh sgilean a thaisbeanadh fhad 's a tha iad a' cleachdadh eòlas agus gus fiosrachadh a thoirt a-steach mu ghnìomhachd taobh a-staigh no taobh a-muigh na sgoile. Thog mòran dhaoine ceistean practaigeach ris am feumar dèiligeadh.

4.2 Ìre a Dhà: An Dàmhair 2022 - Am Faoilleach 2022.

Gheibhear an anailis neo-eisimeileach air Ìre a Dhà [an seo](#).

Mar thoradh air an fhios-air-ais a fhuair a' bhòrd Ìre a Dhà chaidh modail Dioplòma àrd-ìre a chruthachadh a chaidh a rannsachadh barrachd aig Ìre a Trì.

4.3 Ìre a Trì - Modail Dioplòma Àrd-ìre

Aig Ìre a Trì dh'iarr an Lèirmheas beachdan air modail Dioplòma àrd-ìre le trì eileamaidean riatanach agus air na builean practaigeach a bhiodh aig seo. Chì sibh a' chiad tionndadh den mhodail seo [an seo](#). Chaidh beachdan a shireadh a-rithist tro na CCGan agus chaidh an iarraidh bho gach sgoil agus colaiste ann an Alba.

Ged a bha mòran den luchd-freagairt fàbharach mu na h-amasan a bha mar bhunait dhan Dioplòma agus do na trì eileamaidean ann, chaidh draghan a nochdadh a thaobh co-ionannachd, gu sònraichte a thaobh earrainn na Slighe Pearsanta. Bha luchd-freagairt cuideachd ag iarraidh fiosrachadh mu na buaidhean practaigeach. Chaidh am modail ath-sgrùdadh, agus tha an aithisg air an Lèirmheas a' gabhail a-steach molaidhean air na ceumannan practaigeach a dh'fheumar gabhail gus an Dioplòma a chur an gnìomh.




5. Dè a mhol an aithisg dheireannach?

Chuir an t-Àrd-ollamh Hayward an aithisg dheireannach aice gu Riaghaltas na h-Alba air 5 Ògmhios 2023 agus chaidh fhoillseachadh air 22 Ògmhios.

Tha na molaidhean san aithisg dheireannaich a' cur fòcas sònraichte air a bhith a' toirt a-steach Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (*Scottish Diploma of Achievement - SDA*) le trì eileamaidean: Slighe Phearsanta, Prògraman Ionnsachaidh agus Ionnsachadh Pròiseict.

Tha an Lèirmheas a' moladh gum bu chòir an Dioplòma a bhith na theisteanas ceumnachaidh a thathar a' tabhann anns a h-uile suidheachadh far a bheil foghlam aig an Ìre as Àirde air a thoirt seachad. Bu chòir cothrom a thoirt dhan a h-uile neach-ionnsachaidh eòlas fhaighinn air ionnsachadh anns gach eileamaid den Dioplòma agus bu chòir còir a bhith aca air seo.



5.1 ‘Prògraman Ionnsachaidh’

Tha an aithisg dheireannach ag ràdh gun leanadh luchd-ionnsachaidh orra ag ionnsachadh mu raointean fa leth den churraicealam ann an doimhneachd, mu chuspairean coitcheann agus teisteanasan dreuchdail, teicnigeach agus proifeasanta. Bhiodh iad sin fhathast nam pàirt bhunaiteach de theisteanasan. Far a bheil teisteanasan air an rangachadh aig an àm seo, m.e., Àrd-ìre, Àrd-ìre Adhartach, bhiodh iad fhathast air an rangachadh.

Bhiodh cùrsaichean air an dealbhadh ann am modalan. Bhiodh luchd-ionnsachaidh a’ togail creideas fhad ‘s a bhiodh iad a’ dèanamh mhodalan. Far a bheil deuchainn aig teisteanas, bhiodh na creideas a thog luchd-ionnsachaidh tron chùrsa air an cur còmhla ri toradh na deuchainn mu dheireadh gus an ìre mu dheireadh obrachadh a-mach. Lùghdaicheadh seo an cunnart do luchd-ionnsachaidh bho bhith an crochadh air an obair a nì iad air aon latha a-mhàin.

Rachadh raon nas fharsaing de dhòighean measaidh a chleachdadh agus bhiodh modhan-obrach sònraichte ann a bhiodh iomchaidh dhan phrògram fa leth. Rachadh an àireamh de dheuchainnean san ìre as Àirde a lùghdachadh.



5.2 Dè a th’ anns an ‘t-Slighe Phearsanta’?

Is e prìomh fhòcas na Slighe Pearsanta a bhith a’ meòrachadh air ionnsachadh, co-dhiù tha sin san sgoil, sa cholaiste no sa choimhearsnachd. ‘S e adhbhar na Slighe Pearsanta cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh am pròifil teisteanais aca a phearsanachadh le bhith a’ taghadh thaobhan den ghnàth-eòlas aca a tha a rèir an cuid ùidhean, na tha iad a’ cur ris a’ chomann-shòisealta agus am miannan dreuchdail ann an cosnadh agus a bhith gan deasbad ann an dòigh mheòrachail.

Chan eil fòcas na Slighe Pearsanta air an àireimh de ghnàth-eòlasan ach air na tha neach air ionnsachadh tro ghnàth-eòlas. Cha bhiodh an t-Slighe Phearsanta air a rangachadh ach bhiodh e a’ dol tro phròiseasan dearbhaidh. Is ann leis an neach-ionnsachaidh a bhiodh an t-Slighe Phearsanta.




5.3 Dè th' ann an 'Ionnsachadh Pròiseict'?

Ann an Ionnsachadh Pròiseict, bhiodh cothrom aig luchd-ionnsachaidh an t-eòlas agus na sgilean a tha iad air a thogail anns na Prògraman Ionnsachaidh aca a chleachdadh gus dèiligeadh ri ceist no duilgheadas cudromach a tha cudromach dhaibh le bhith a' dèanamh Pròiseact. Airson cuid de luchd-ionnsachaidh, dh'fhaodadh gum biodh fòcas air dùbhlann cruinneil, mar eisimpleir, atharrachadh na gnàth-shìde, imrich no ceartas sòisealta. Ghabhadh pròiseactan a dhèanamh le daoine fa leth no ann am buidhnean, ach rachadh measadh a dhèanamh air gach duine fa leth. Cha bhiodh Ionnsachadh Pròiseict air a rangachadh ach bhiodh e ceangailte ri ìrean SCQF agus gach tè le àireamh eadar-dhealaichte de phuingeann creideis.



5.4 Dè eile a tha an Lèirmheas a' moladh?

- Tha an Lèirmheas cuideachd a' moladh gum bu chòir pròifil didseatach a bhith ann dhan luchd-ionnsachaidh air fad a bheir cothrom dhaibh coileanadh pearsanta a chlàradh agus ionnsachadh san àm ri teachd a chomharrachadh agus a phlanadh.
- Ann an oidhirp gus co-ionannachd spèis a neartachadh eadar diofar sheòrsaichean theisteanasan, bu chòir gluasad a bhith ann gus na briathran 'Ìre SCQF' a chleachdadh mar am prìomh thuairisgeul, air a leantainn le seòrsa teisteanais. M.e. SCQF Ìre 6 - Àrd-ìre.
- Bu chòir am fiosrachadh mu choileanaidhean luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh an SDA, cùrsaichean agus pròiseactan, a bhith a' co-thaobhadh ri Staitistigean Albannach air Coileanadh agus Cinn-uidhe Thòiseachail Luchd-fàgail agus dàta INSIGHT.
- Tha grunn mholaidhean ann mun phròiseas atharrachaidh agus na dh'fheumas tachairt ma tha Dioplòma Coileanaidh na h-Alba gu bhith air a chruthachadh gu soirbheachail.





6.1 Na b' fheàrr do luchd-ionnsachaidh

Bhiodh an SDA a' toirt cruth-atharrachadh air an Ìre as Àirde. Bhiodh Ìre as Àirde an luchd-ionnsachaidh a' co-thaobhadh na b' fheàrr ri lèirsinn tùsail CfE. Bhiodh barrachd roghainn agus barrachd chothroman aig luchd-ionnsachaidh an Ìre as Àirde aca a phearsanachadh. Bheireadh iad sin taic na b' fheàrr do luchd-ionnsachaidh agus iad a' gluasad bhon sgoil dhan cholaiste, cosnadh, oiltigh no dhan roinn shaor-thoileach.



Tha sinn air bliadhna a chur seachad ag obair air na modailean atharrachaidh a thathar a' moladh agus air Dioplòma Coileanaidh na h-Alba ùr; modail a tha mi fada den bheachd a chumas an UNCRC aig a chridhe leis gu bheil e a' toirt taic do dhaoine òga san àm ri teachd air an turasan ionnsachaidh fhèin.

Beinn Grant
(SYP)



6.2 Na b' fheàrr do thidsearan agus òraidichean

Chuireadh an SDA às dhan “chabhaig dhà theirm” a tha a' fàgail gu bheil cuairt leantainneach ann de dh'fho-dheuchainnean (*prelims*) agus de dh'ullachadh airson deuchainnean. Bidh barrachd ùine aig tidsearan agus òraidichean gus fòcas a chur air gnàth-eòlasan ionnsachaidh beairteach, àrd-inbhe.



Mu dheireadh, tha cothrom againn, tro Dhioplòma Coileanaidh na h-Alba, a bhith a' cur rùintean foghlaim nas fharsainge an gnìomh ann a bhith a' cumadh dhaoine agus beatha ann an dòigh adhartach, agus chan ann a-mhàin a bhith a' tomhas no a' cunntadh coileanaidhean luchd-ionnsachaidh ach a bhith ag aithneachadh agus a' cur luach annta gu h-ìomlan. Feumaidh sinn greimeachadh air a' chothrom seo le ar dà làimh.

Andrea Bradley
(EIS)



6.3 Na b' fheàrr do dh'oilthighean, colaistean, fastaichean agus dhan fheadhainn a chleachdas teisteanasan

Bheireadh am fiosrachadh nas fharsaingeach agus nas pearsanta air a thoirt seachad tron SDA bunait fianais na b' fheàrr do cholaistean, fastaichean agus oilthighean agus na co-dhùnidhean aca fhiosrachadh mu dè na h-oileanaich no an luchd-obrach as freagarraiche airson a' chùrsa no airson na h-obrach.



Nuair a bhios an comann-sòisealta ag atharrachadh, bidh foghlam oilthigh ag atharrachadh còmhla ris, agus feumaidh oileanaich oilthigh san àm ri teachd fàs eòlach chan ann a-mhàin air eòlas cuspair sònraichte, ach cuideachd a bhith a' fighe an eòlais thoinnte sin ri chèile ann an co-theacsan a tha a' sìor fhàs mì-chinnteach, caochlaideach agus iom-fhillte. Agus nas cudromaiche bidh aca ri fàs nas eòlaiche air an sgil a bhith ag ionnsachadh, gus an urrainn dhaibh cur gu h-èifeachdach ri comann-sòisealta, gnìomhachas, proifeiseanan, cultar agus poileataidh na h-Alba. Bheir Dioplòma Coileanaidh na h-Alba a thathar a' moladh deagh bhunait do luchd-ionnsachaidh agus iad a' dèanamh ceuman oilthighe san àm ri teachd.



An t-Àrd-ollamh Jonathan Powles
(Oilthighean Alba)

6.4 Na b' fheàrr do dh'Alba

Tha an sòisealtas ag atharrachadh gu luath. Tha mòran dhùthchannan gu h-eadar-nàiseanta a' feuchainn ris na teisteanasan agus na siostam measaidh aca atharrachadh agus ùrachadh. Feumaidh siostam na h-Alba cumail suas ris an atharrachadh seo.



Tha sinn a' tighinn beò ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath. Feumaidh siostaman foghlaim gabhail ri seo, agus gu h-eadar-nàiseanta tha sinn a' faicinn atharrachaidhean air an dòigh sa bheil oileanaich ag ionnsachadh agus na tha iad ag ionnsachadh. Ged bha Alba air thoiseach air càch a thaobh seo leis a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, tha an siostam measaidh eachdraidheil aice air na h-atharrachaidhean ann am foghlam àrd-sgoile aig an Ìre as Àirde a chuingealachadh. Tha Buidheann Lèirmheas Neo-eisimeileach an Àrd-ollaimh Hayward air feuchainn ri siostam sgrùdaidh na h-Alba a cho-thaobhadh nas fheàrr ris na feumalachdan co-aimsireil sin. Tha e a' toirt dhuinn slighe air adhart chumhachdach airson measadh ann an Alba.



An t-Àrd-Ollamh Gòrdan Stobart
(IoE, UCL)



7. A' Planadh airson Atharrachadh

Tha an aithisg a' toirt fa-near gur e fear de na leasan as cudromaiche bho bhith a' toirt a-steach CfE cho cudromach 's a tha e plana soilleir a bhith ann gus beachdan a chur an gnìomh. Gus am plana gus an SDA a chruthachadh is a thoirt a-steach a chur an gnìomh, bidh feum air atharrachadh cultarach mòr tron t-siostam foghlaim air fad. A bharrachd air sin.

- Bhiodh feum air tasgadh ann an ionnsachadh proifeiseanta, agus air ùine airson co-obrachadh agus airson measadh (a' gabhail a-steach a bhith a' seachnadh claon-bhreith) gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd ann airson gach neach-ionnsachaidh agus gu bheil misneachd aig a' phoball san t-siostam.
- Feumaidh gach atharrachadh a bhith air a dhealbhadh gu faiceallach ann an ìrean agus feumaidh goireasan gu leòr a bhith ann.
- Bu chòir dhan phròiseas atharrachaidh a bhith a' togail air agus a' leudachadh nam pròiseasan co-obrachail a chaidh a chruthachadh leis an Lèirmheas.



8. Càit am faigh mi barrachd fiosrachaidh?

Faodaidh tu an **aithisg shlàin** a leughadh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.



9. Dè thachras a-nis?

Tha Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air an aithisg agus air na molaidhean agus freagraidh iad an ceann ùine.





© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-308-7 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Ògmhios 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1282442 (09/23)

W W W . g o v . s c o t